

A' leasachadh gach turas



Plana Lìbhrigidh
Plana Margaideachd

Foillsichte 1^d Dàmhair 2025





Clàr-innse

Geàrr-chunntas gnìomhach	3
1. Facal-toisich	3
2. Ar n-adhbhar margaideachd	4
3. Ro-innleachd iomairte	5
4. Foir-shealladh sheanailean	6
5. Pod-chraoladh agus susbaint chlaisneach	8
6. Taic airson tachartasan is turasachd	10
7. Com-pàirteachasan agus gnìomhachaidhean	11
8. Margaideachd air a stiùireadh le geur-bheachdan	13
9. Tomhas agus luachadh	15
10. Goireasan agus lìbhrigeadh	16
11. A' coimhead air adhart	18
12. Co-dhùnadh	19



Geàrr-chunntas gnìomhach

Aig Cailleanach Mac a' Bhriuthainn, tha sinn air an ro-innleachd margaideachd againn a dhealbhadh gus siubhal a bhrosnachadh, taic a thoirt do choimhearsnachdan agus gach turas a leasachadh thar costa an iar na h-Alba. Tha am plana margaideachd seo, cuimsichte air a' chustamair, a' mìneachadh mar a bhios sinn a' cleachdadh dàta, com-pàirteachasan agus cruthachalachd gus iomairtean a libhrigeadh a tha a' ceangal gu brìghmhor ris an dà chuid an luchd-siubhail a th' againn an-dràsta agus riuthasan a dh'fhaodadh a bhith againn san àm ri teachd.

Tro ghnìomhachdan margaideachd amalaichte – a' cleachdadh iomadh seanail, a' gabhail a-steach meadhanan sòisealta, post-d, làrach-lìn, àrd-ùrlaran air bòrd agus barrachd – tha sinn a' cuideachadh ann a bhith a' cur air adhart na cinn-uidhe a tha sinn a' frithealadh, na cothroman a tha rim faotainn annta agus na daoine air cùlaibh an turais. Tha na h-iomairtean againn air am fiosrachadh le geur-bheachdan chustamairean agus mar a tha daoine a' bucaigeadh, agus that seo a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile teachdaireachd bhuainn buntainneach, tìmeil agus èifeachdach.

Tha sinn ag obair gu dlùth le com-pàirtichean turasachd, gnothachasan eileanach agus eagraichean thachartasan gus taic a thoirt do dh'eaconamaidhean ionadail ann a bhith a' stiùireadh sruth ràitheil luchd-siubhail thar an lìonraidh. Tha am modh-obrach for-ghnìomhach againn a' leigeil leinn a bhith a' freagairt gu luath ri atharrachaidhean ann an ìre iarrais, agus tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil gnìomhachd margaideachd fhathast lùthmhor agus buadhmhor.

Tha sinn a' tomhas a h-uile iomairt fa chomhair chomharran coileanaidh soilleir, a' gabhail a-steach fàs ann an teachd-a-steach bho fhàraidhean, ìrean com-pàirteachaidh agus faireachdainnean dhaoine mun bhrann againn. Tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil luach an airgid agus leasachadh leantainneach ann thar a h-uile gnìomhachd.

Tha sgioba air leth againn airson Margaideachd a' Bhrann, a tha a' libhrigeadh na h-obrach seo ann an co-obrachadh le luchd-ùidhe thar a' ghnòthachais. Le taic bho phròiseasan làidir airson planadh, solarachadh agus aithriseadh, tha sinn an geall air ro-innleachd margaideachd a libhrigeadh a tha a rèir ar luachan, a' toirt taic do na custamairean againn agus a' neartachadh nan coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.

Còmhla, tha sinn a' leasachadh gach turas — aon iomairt mu seach.

1. Facal-toisich

Tha dreuchd chudromach aig Cailleanach Mac a' Bhriuthainn ann a bhith a' ceangal coimhearsnachdan eileanach is costail na h-Alba. Tha sinn air an ro-innleachd margaideachd againn a dhealbhadh gus taic a thoirt don mhisean seo le bhith a' cur air adhart siubhal, a' brosnachadh turasachd agus a' neartachadh na dàimhe eadar na custamairean againn agus na h-àitichean a tha sinn a' frithealadh.

Tha am plana seo a' mìneachadh mar a bhios sinn a' libhrigeadh gnìomhachd margaideachd, a tha cuimsichte air a' chustamair, air fhiosrachadh le dàta, air amalachadh thar iomadh seanail agus ann an co-rèir ri feumalachdan luchd-siubhail thar an lìonraidh againn. Tha e a' cumail ri ar gealltanais a bhith a' leasachadh gach turas – chan ann a-mhàin tro chòmh-dhail ath-sheasmhach



às am faodar earbsa a chur, ach tro chom-pàirteachadh brìoghmhor, conaltradh soilleir agus susbaint bhrosnachail.

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil na custamairean againn eadar-mheasgte – bho luchd-còmhnaidh eileanach gu coimiutairean riaghailteach gu daoine a tha a' tadhal airson a' chiad turais agus luchd-turais eadar-nàiseanta. Tha sinn air am modh-obrach margaideachd againn a fhreagarrachadh a rèir na h-iomadachd seo, a' cleachdadh geur-bheachdan agus seigmeantadh gus dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile iomairt buntainneach, ion-ghabhalach agus èifeachdach.

Le bhith ag obair ann an com-pàirteachas le gnothachasan ionadail, buidhnean turasachd agus eagraichean thachartasan, tha sinn a' cuideachadh ann a bhith a' cur air adhart na nithean air leth a tha rim faotainn thar costa an iar. Tha sinn cuideachd a' freagairt gu for-ghnìomhach do dh'atharrachaidhean ann an iarrtas, a' dèanamh cinnteach gu bheil na teachdaireachdan againn a' toirt taic do dh'ath-sheasmhachd sheirbheisean agus misneachd choimhearsnachdan.

Tha am plana seo a' mìneachadh nan iomairtean, seanailean, com-pàirteachasan agus goireasan a tha a' toirt taic don ghnìomhachd margaideachd againn. Tha e cuideachd a' cur an cèill mar a bhios sinn a' tomhas soirbheas – tro chom-pàirteachadh, buaidh agus luach an airgid – agus mar a bhios sinn a' cumail oirrn a' freagarrachadh a' mhodh-obrach againn gus feumalachdan nan custamairean is coimhearsnachdan againn a choileanadh.

2. Ar n-adhbhar margaideachd

Tha sinn air a' ghnìomhachd margaideachd againn a dhealbhadh gus taic a thoirt don mhisean nas fharsainghe againn: a bhith a' libhrigeadh sheirbheisean aiseig a tha sàbhailte, earbsach agus ion-ghabhalach gus ceangal a dhèanamh eadar daoine, àitichean agus coimhearsnachdan thar costa an iar na h-Alba.

Tha sinn a' cleachdadh margaideachd chan ann a-mhàin gus siubhal a chur air adhart ach gus:

- Cuairtean-siubhail a bhrosnachadh le bhith a' sealltainn àilleachd, cultar is iomadachd an lìonraidh againn.
- Taic a thoirt do choimhearsnachdan le bhith a' cur air adhart gnothachasan ionadail agus am bathar aca, a bharrachd air tachartasan is eòlasan.
- Fiosrachadh a thoirt do chustamairean tro chonaltradh a tha soilleir, cunbhalach agus so-ruigsinneach.
- Earbsa a neartachadh le bhith a' co-phàirteachadh stòiridhean ar daoine againn, an t-adhartas a tha sinn a' dèanamh agus ar gealltanais do sheirbheis.

Tha a h-uile iomairt a tha sinn a' libhrigeadh air fhiosrachadh le geur-bheachdan – bho mar a tha daoine a' bucaigeadh agus fios air ais bho chustamairean gu gluasadan ràitheil agus dàta turasachd. Tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil na teachdaireachdan againn buntainneach, tìmeil agus ann an co-rèir ri feumalachdan ar luchd-siubhail is luchd-pàirt maraon.

Tha sinn a' cleachdadh modh-obrach ioma-sheanaileach, a' cleachdadh àrd-ùrlaran didseatach, meadhanan air-bòrd, susbaint shòisealta, post-d agus clò-bhualadh gus custamairean a ruigsinn ge bith càit a bheil iad. Tha am modh-labhairt againn blàth, misneachail agus freumhaichte ann an luachan nan coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.



Tha dreuchd chudromach aig margaideachd ann a bhith a' toirt taic do dh'ath-sheasmhachd obrachaidh cuideachd. Le bhith a' cur air adhart tachartasan, a' stiùireadh nan sruthan ràitheil de luchd-siubhail agus a' freagairt gu for-ghnìomhach ri atharrachaidhean ann an iarrtas, tha sinn a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil na seirbheisean againn fhathast so-ruisginneach, èifeachdach agus cuimsichte air a' chustamair.

Aig a' cheann thall, 's e ar n-adhbhar a bhith a' leasachadh gach turas – chan ann a-mhàin tro chòmhaidh ach tro cheangal, tro bhrosnachadh agus tro fhios-faireachdainn co-roinnte.

3. Ro-innleachd iomairte

Tha na h-iomairtean againn air an dealbhachadh a bhith a' brosnachadh siubhal, a' togail earbsa agus a' toirt taic do na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh. Tha gach iomairt air a fiosrachadh le geur-bheachdan chustamairean, air a dealbhachadh le amasan ro-innleachdail agus air a lìbhrigeadh thar iomadh seanail gus dèanamh cinnteach gu bheil i a' ruigsinn uimhir as motha 's a ghabhas de dhaoine agus gu bheil i buntainneach dhaibh.

Tha sinn a' ruith measgachadh de dh'iomairtean air feadh na bliadhna: cuid dhiubh air an treòrachadh leis a' bhrannnd, cuid dhiubh innleachdach agus cuid dhiubh nan iomairtean com-pàirteachais. Tha iad seo ann an co-rèir ri iarrtas ràitheil, mìosachain turasachd, prìomhachasan obrachaidh agus dòigh-ghìulain chustamairean.

Iomairtean suaicheanta

Tha gach turas a' tòiseachadh mar stòiridh (EJSAS)

Tha a' phrìomh iomairt brannd againn, air a cur air bhog ann an 2024, a' comharrachadh an luach fhaireachail is chultarail de shiubhal thar an lìonraidh againn. Tha i a' togail mothachadh a' bhrannnd, a' dràibheadh teachd-a-steach bho fhàraidhean agus ag ath-neartachadh ar gealltanais a bhith a' leasachadh gach turas.

Daoine air chùlaibh an turais (PBJ)

Tha an iomairt seo a' cur cuideam air proifeiseantachd agus dealas an luchd-obrach againn. Tha i a' togail earbsa agus creideasachd, agus tha i cuideachd a' toirt taic do dh'oidhirpean fastaidh thar shoithichean is phort.

Imrich dhidseatach

A' cur air adhart buannachdan siostam ùr a' bhucaigidh againn, tha an iomairt seo a' brosnachadh chustamairean gus cunntasan custamair air-loidhne a chruthachadh agus na h-àrd-ùrlaran didseatach againn a chur gu feum gus cuideachadh le bhith a' planadh thursan.

Tairgse bùtha agus air-bòrd

A' cuimseachadh air àrdachadh ìrean mothachaidh agus ìrean cleachdaidh a thaobh na tairgse againn air-bòrd airson deoch, biadh agus bathar, tha an iomairt seo a' cleachdadh susbaint a chaidh a chruthachadh le custamairean agus teisteanasan chustamairean gus ro-aithneachadh agus earbsa a thogail.



Iomairt urrainn

Iomairt thargaidichte a' dèiligeadh ri giùlain dhroch-dhiolach a dh'ionnsaigh nan sgiobaidhean againn agus gus àrainneachd shàbhailte, mhodhail a bhrosnachadh airson an dà chuid luchd-obrach agus luchd-siubhail.

Iomairtean spot-solais agus innleachdach

Tha sinn a' libhrigeadh iomairtean spot-solais ann an com-pàirteachas le buidhnean rianachd cheann-uidhe (DMOs), VisitScotland agus gnothachasan ionadail. Tha na h-iomairtean seo a' cur air adhart cinn-uidhe, tachartasan no eòlasan sònraichte, a' cuideachadh gus sruth ràitheil a stiùireadh agus taic a thoirt do dh'eaconamaidhean ionadail.

Thathar a' cleachdadh iomairtean innleachdach cuideachd gus taic a thoirt do dh'amasan gnothachais nas fharsainge – leithid fastadh, atharrachaidhean sheirbheisean no com-pàirteachadh coimhearsnachd – a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile teachdaireachd cunbhalach agus co-chòrdach ris a' bhrann is luachan againn.

Amalachas sheanailean

Tha a h-uile iomairt air a libhrigeadh thar measgachadh de sheanailean, a chaidh a thaghadh gu cùramach, a' gabhail a-steach:

- Meadhanan os cionn na loidhne (TBh, rèidio, pàipearan-naidheachd).
- Àrd-ùrlaran didseatach a tha sinn a' sealbhachadh (làrach-lìn, aplacaid, post-d, meadhanan sòisealta).
- Co-obrachaidhean le luchd-brìgh agus susbaint air a cruthachadh le luchd-cleachdaidh.
- Meadhanan air-bòrd agus stèidhichte sa phort (sgrìnichean, postairean, tanoidh).

Tha am modh-obrach ioma-sheanaileach seo a' dèanamh cinnteach gu bheil na teachdaireachdan againn a' ruigsinn chustamairean ge bith càit a bheil iad — agus ann an cruth a tha a' freagarrach do an roghainnean agus dòighean-giùlain.

Planadh susbaint agus freagairteachd

Thathar a' toirt taic do dh'iomairtean tro phròiseas structaraichte airson susbaint a phlanadh. Tha na h-innealan seo gar cuideachadh a bhith a' co-òrdanachadh gnìomhachd, a' freagairt ri cothroman agus a' dèanamh cinnteach gu bheil na teachdaireachdan againn fhathast ùr, cuspaireach agus ann an co-rèir ri feumalachdan chustamairean.

Tha sinn a' cleachdadh a' mhodail PEAR (iar-ghnìomhach gu for-ghnìomhach) airson freagairt gu luath ri atharrachaidhean ann an iarrtas no cothroman a tha ag èirigh. Tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil na h-iomairtean againn lùthmhor, cothromach agus buadhmhor.

4. Foir-shealladh sheanailean

Gus na custamairean eadar-mheasgte againn a ruigsinn agus a chom-pàirteachadh, tha sinn a' cleachdadh measgachadh de sheanailean margaideachd a tha air an amalachadh gu cùramach. Tha dreuchd shònraichte aig gach seanail ann a bhith a' libhrigeadh na teachdaireachd brannd againn, a' toirt taic do fheumalachdan chustamairean agus a' dràibheadh mothachadh, com-pàirteachadh agus teachd-a-steach.



Tha seo a' dèanamh cinnteach gum faigh custamairean fiosrachadh a tha cunbhalach, buntainneach agus timeil — co-dhiù a bheil iad a' planadh turas, a' bucaigeadh tiogaidean no a' siubhal leinn.

Meadhanan sòisealta

Tha sinn a' cleachdadh mheadhanan sòisealta gus siubhal a bhrosnachadh, am fiosrachadh as ùire a cho-phàirteachadh agus coimhearsnachd a thogail. Tha gach àrd-ùrlar air fhreagarrachadh do luchd-amais is seòrsaichean susbainte sònraichte.

- Facebook – Susbaint a' cuimseachadh air daoine, brosnachadh cheann-uidhe agus adhartachadh reic.
- Instagram – Stòiridhean-sùla, susbaint air a cruthachadh le luchd-cleachdaidh agus co-obrachaidhean le luchd-brìgh.
- LinkedIn – Cultar a' chompanaidh, fastadh agus com-pàirteachadh luchd-ùidhe
- TikTok – Susbaint bhidio ann an cruth goirid gus luchd-amais nas òige a chom-pàirteachadh agus sealltainn dhaibh mar a dh'fhaodas mòran spòrs a bhith an lùib siubhail.
- YouTube – Susbaint bhidio bhrosnachail agus stòiridhean iomairtean.
- Threads – Àrd-ùrlar ùr, fàs-mhor a thathar a' cleachdadh airson cruthan ùra de shusbaint a dheuchainneachadh.
- Twitter/X – Fiosrachadh seirbheis chustamairean as ùire

Margaideachd post-d

Tha an iomairt post-d gun sgur againn a' libhrigeadh susbaint phearsanaichte, air a stiùireadh le dàta, stèidhichte air mar a tha daoine a' bucaigeadh, càit a bheil iad suidhichte agus an roghainnean. Tha seo a' gabhail a-steach:

- Taic airson cuairtean-siubhail a phlanadh.
- Feartan cheann-uidhe.
- Adhartachadh reic agus bathair.
- Fiosrachadh as ùire mu sheirbheisean agus tairgsean ràitheil.

Tha a h-uile post-d air a thracadh, le bhith a' cleachdadh cheanglaichean GA4 gus com-pàirteachadh agus iompachadh a thomhas.

Làrach-lìn agus aplacaid

Tha an làrach-lìn againn agus an aplacaid fòn-làimhe againn aig teis-meadhan na thathar a' tairgse don chustamair. Tha iad a' toirt seachad:

- Fiosrachadh sheirbheisean fìor-ama.
- Comas-gnìomh bucaigidh (tron làraich-lìn).
- Leabhranan-iùil cheann-uidhe agus cùrsaichean-siubhail.
- Duilleagan-landaidh airson iomairtean.



- Fiosrachadh air so-ruigsinneachd agus prìsean.

Tha sinn a' sìor-leasachadh nan àrd-ùrlaran seo gus so-chleachdadh, so-ruigsinneachd agus buntainneas susbainte a leasachadh.

Meadhanan air-bòrd agus ann am puirt

Tha sinn a' cleachdadh raon de chruthan fiosaigeach agus didseatach airson conaltradh ri custamairean rè an turais.

- Air-bord: Postairean, fiosan-labhairt tron tanoidh, taisbeanaidhean air bàrr nam bòrd, taicean-cinn shèithrichean, èideadh luchd-obrach.
- Puirt: Sgrìnichean didseatach, postairean, citheasgan, cairtean tiogaid, taisbeanaidhean uinneige.

Tha na puingean-conaltraidh seo gan cleachdadh gus iomairtean, teachdaireachdan sàbhailteachd, bathar ionadail agus fiosrachadh custamair a chur air adhart.

Pod-chraoladh agus susbaint chlaisneach

Tha am pod-chraoladh againn, Scottish Island Adventures, air am faighear fiosrachadh a bharrachd gu h-ìosal, air nochdadh ann an siostaman-dibhearsain treas-pàrtaidh luingeis-adhair agus com-pàirteachasan turasachd – a' toirt seachad àrd-ùrlar leis am faodar raon nas fharsaing de luchd-siubhail agus luchd-amais a ruigsinn.

Air slighean taghte, tha sinn cuideachd a' dèanamh deuchainn de dh'ùilean-turasachd claisneach a-mhàin a tha a' cur ri eòlas a' chustamair air-bòrd.

Seanailean luchd-brìgh agus luchd-pàirt

Tha sinn a' co-obrachadh le luchd-brìgh, buidhnean turasachd agus gnothachasan ionadail gus an ruigsinneachd agus creideasachd againn a leudachadh. Tha na com-pàirteachasan seo gar cuideachadh ann a bhith:

- A' cur air adhart eòlasan fìrinneasach.
- A' ruigsinn luchd-amais ùra.
- A' toirt taic do dh'eaconamaidhean ionadail.
- A' freagairt gu luath ri cothroman a tha ag èirigh.

Tha a h-uile gnìomhachd le luchd-brìgh ann an co-rèir ri ar luachan brannd agus amasan iomairte.

5. Pod-chraoladh agus susbaint chlaisneach

Tha dreuchd chudromach agus fhàsmhor aig susbaint chlaisneach a thaobh mar a tha sinn a' brosnachadh agus a' fiosrachadh chustamairean. Tha iad a' leigeil leinn stòiridhean a cho-phàirteachadh, cinn-uidhe a thaisbeanadh agus stiùireadh practaigeach a thoirt seachad ann an cruth a tha so-ruigsinneach, inntinneach agus furasta a bhith ag èisteachd ris — co-dhiù ma thathar aig an taigh, air an t-slighe no air bòrd.



Pod-chraoladh Scottish Island Adventures

Air a chur air bhog san Fhaoilleach 2024, 's e Scottish Island Adventures an sreath de phod-chraolaidhean suaicheanta againn. Tha e ag obair mar iùl-siubhail ùr-nodha, air a dhealbhadh a bhith:

- A' brosnachadh siubhal air feadh an lìonraidh againn.
- A' foghlam luchd-èisteachd mu bheatha, cultar agus tachartasan nan eilean.
- A' cur air adhart gnothachasan agus eòlasan ionadail.
- A' togail earbsa sa bhrann agus ceangal faireachail.

Gu ruige seo, tha am pod-chraoladh air ghabhail a-steach agallamhan le eileanaich, le luchd-pàirt turasachd agus le luchd-obrach ChalMac, a' tairgse gheur-bheachdan fìrinneasach air na h-àitichean a tha sinn a' frithealadh. Thathar ga chur air adhart tro gach seanail didseatach agus chaidh a thaisbeanadh ann an siostaman dibhearsain luingeis-adhair, a' leudachadh ruigsinneachd gu luchd-amais ùra.

A' leantainn air soirbheas Seusan 1, chaidh Seusan 2 a chur air bhog tràth ann an 2025 ann an com-pàirteachas le Ceanglaichean Ceilteach. Bidh prògraman ri tighinn a' gabhail a-steach prògraman sònraichte cuspaireil a rèir mìosachain turasachd agus gnìomhachd iomairtean.

Deuchainnean claisneach air-bòrd

As t-samhradh 2025, a' leantainn air deuchainn de dh'iùl-turasachd claisneach a-mhàin air an t-slighe bhon Truthail gu Arain, bidh sinn a' rolaigeadh seo a-mach gu slighean eile, le susbaint air a freagarrachadh ri cruinn-eòlas, eachdraidh is cultar an àite ionadail. Bidh seo a' cur ris an tairgse air-bòrd le bhith:

- A' toirt seachad aithrisean fiosrachail is dibhearsaineach
- A' nochdadh puingeann-ùidhe feadh na slighe
- A' toirt taic do so-ruigsinneachd agus siubhal neo-eisimeileach

Bidh fios air ais bhon phileat seo a' fiosrachadh rolaigeadh a-mach thar shlighean eile san àm ri teachd, le susbaint air a freagarrachadh do chrùinn-eòlas, eachdraidh is cultar an àite ionadail.

Dreuchd ro-innleachdail aig susbaint chlaisneach

Tha susbaint chlaisneach a' toirt taic do dh'iomadh prìomh-amas ro-innleachdail:

- Com-pàirteachadh chustamairean – a' tairgse susbaint luach leasaichte a tha a' cur ris an eòlas-siubhail.
- A' cur air adhart cinn-uidhe – a' cur fon spot-sholas tachartasan, tàlaidhean agus gnothachasan nan eilean.
- Suidheachadh a' bhrann – ag ath-neartachadh ar dearbh-aithne mar ghnìomharaiche earbsach a tha freumhaichte sa choimhearsnachd.
- Leasachadh com-pàirteachais – a' cruthachadh chothroman airson co-obrachadh le buidhnean turasachd, luchd-brìgh agus guthan ionadail.



Tha a h-uile gnìomhachd pod-chraolaidh an co-rèir ri mìosachan nan iomairtean againn, ris an ro-innleachd susbainte againn agus ri guth a' bhrannnd againn. Thathar gan tomhas tro àireamhan luchd-èisteachd, meatraigean com-pàirteachaidh agus fios air ais càileachdail.

6. Taic airson tachartasan is turasachd

Tha taic airson turasachd agus tachartasan coimhearsnachd mar phrìomh phàirt den ro-innleachd margaideachd againn. Mar sholaraidhe sheirbheisean lìn-bheatha, tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' cur air adhart cinn-uidhe eileanach, a' stiùireadh shruthan ràitheil agus ag obair gu co-obrachail le luchd-pàirt ionadail gus am bi sinn a' cur ri na luchd-tadhail a' faighinn às.

Tha a' ghnìomhachd margaideachd againn an co-rèir gu ìre mhòr ris a' mhìosachan turasachd, a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' cur spot-sholas air tachartasan cudromach, a' freagairt ri feumalachdan ionadail agus a' cuideachadh chustamairean le planadh an cuairtean-siubhail timcheall air gnìomhachd chultarail agus ràitheil agus gnìomhachdan air an stiùireadh leis a' choimhearsnachd.

Tachartasan eileanach agus gnìomhachd ràitheil

Tha sinn a' cumail planadair thachartasan, a tha a' gabhail a-steach am fiosrachadh as ùire, gus cunntas a chumail air tachartasan turasachd aithnichte, agus tachartasan mìosachain, thar an lìonraidh againn. Thathar a' dèanamh lèirmheas air a' phlanadair seo gach ràith agus thathar ga cho-phàirteachadh le buidhnean rianachd cheann-uidhe (DMOs) gus dèanamh cinnteach à co-thaobhadh agus faicsinneachd.

Tha ar n-iomairtean is susbaint air an cur air a' chlàr-ama gus taic a thoirt do:

- Fèisean ionadail agus comharrachaidhean cultarach.
- Barran turasachd ràitheil agus ùineachan guailne.
- Iomairtean agus cothroman reic a tha air an stiùireadh leis a' choimhearsnachd.
- Tachartasan a tha a' toirt buaidh air iarrtas siubhail no a tha feumach air rianachd shruthan.

Far a bheil e iomchaidh, tha sinn a' ruith cho-fharpaisean, a' cur air adhart tairgsean luchd-brìgh agus a' dèanamh iomairtean spot-sholais gus mothachadh àrdachadh agus siubhal a bhrosnachadh do na cinn-uidhe a thathar a' taisbeanadh.

Com-pàirteachasan rianachd cheann-uidhe

Tha sinn a' cur air dòigh coinneamh gach mìos le DMOs, VisitScotland agus luchd-ùidhe turasachd eile gus geur-bheachdan a cho-phàirteachadh, gnìomhachdan a cho-òrdanachadh agus freagairt ri cothroman a tha ag èirigh. Tha na coinneamhan seo a' fiosrachadh planadh ar n-iomairtean agus gar cuideachadh le bhith:

- A' tuigsinn phrìomhachasan is dùbhlain ionadail.
- A' cur air adhart cinn-uidhe dì-riochdaichte
- A' toirt taic do dh'ath-shlànachadh an dèidh buaireadh no lùghdachadh ann an iarrtas.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil a' cur air adhart cinn-uidhe gu cothromach thar an lìonraidh.



Tha sinn cuideachd a' gabhail pàirt ann an co-labhairtean turasachd agus tachartasan lìonrachaidh, a' riochdachadh ùidhean choimhearsnachdan eileanach agus a' co-phàirteachadh cleachdadh as fheàrr a thaobh margaideachd cheann-uidhe.

Rianachd shruthan gu for-ghnìomhach

Gus sruthan luchd-siubhail a rianachd rè ùineachan tranga no an dèidh buaireadh seirbheise, tha sinn a' cleachdadh a' mhodail PEAR (iar-ghnìomhach gu for-ghnìomhach). Tha an dòigh-obrach seo a' leigeil leinn:

- Margaideachd thargaidichte a chur an gnìomh airson sgìrean fo bhuidhe.
- Slighean no amannan-siubhail eile a chur air adhart.
- Cuideam a chur air na tha ri fhaotainn gu h-ionadail gus siubhal fèath-ùine a bhrosnachadh.
- Teachdaireachdan a cho-òrdanachadh le sgiobaidhean obrachaidh is seirbheis chustamairean.

Tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil a' ghnìomhachd margaideachd againn a' toirt taic do dh'ath-sheasmhachd obrachaidh fhad 's a thathar a' glèidheadh toradh deimhinneach airson chustamairean.

Com-pàirteachadh choimhearsnachdan is ghnòthachasan

Tha sinn gu for-ghnìomach a' lorg chom-pàirteachasan le ghnòthachasan eileanach, eagraichean thachartasan agus solaraichean gus bathar agus eòlasan ionadail a chur air adhart. Tha seo a' gabhail a-steach:

- Co-thairgsean agus tairgsean pasganach.
- Co-obrachaidhean le luchd-brìgh agus cruthachadh susbainte.
- Bathar agus bùithtean air-bòrd.
- Iomairtean far a bheilear a' lèir-thaisbeanadh sholaraichean agus teisteanasan bho chustamairean.

Le bhith a' toirt taic do thurasachd is tachartasan tro mhargaideachd thargaidichte, cho-obrachail, tha sinn a' cuideachadh le bhith a' neartachadh eaconamaidhean ionadail, a' leasachadh toraidhean airson chustamairean agus a' dèanamh cinnteach gu bheil na seirbheisean againn a' cumail orra a bhith so-fhreagrach ri feumalachdan nan coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.

7. Com-pàirteachasan agus gnìomhachaidhean

Tha com-pàirteachasan deatamach do mar a tha sinn a' lìbhrigeadh margaideachd a tha buadhmhor, ion-ghabhalach agus èifeachdach gu coimeirsealta. Le bhith ag obair le buidhnean turasachd, ghnòthachasan eileanach, luchd-brìgh agus sanasaichean treas-pàrtaidh, tha sinn a' leudachadh ruigsinneachd nan iomairtean againn, a' toirt taic do eaconamaidhean ionadail agus a' dèanamh cinnteach gu bheil na teachdaireachdan againn ann an co-rèir ris na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.

Tha sinn air ro-innleachd ghnìomhachaidhean a dhealbhadh a bhith sùbailte, so-fhreagrach agus ann an co-rèir ri luachan a' bhrann againn. Tha an ro-innleachd a' leigeil leinn cinn-uidhe,



bathar agus eòlasan a chur air adhart ann an dòigh a tha cunbhalach, creideasach agus cuimsichte air a' chustamair.

- Com-pàirteachasan ro-innleachdach

Tha sinn a' co-obrachadh le raon farsaing de luchd-ùidhe, a' gabhail a-steach:

- Buidhnean rianachd cheann-uidhe (DMOs)
- VisitScotland agus buidhnean turasachd eile.
- Gnothachasan eileanach ionadail agus solaraichean.
- Eagraichean is co-òrdanaichean thachartasan.
- Luchd-brìgh agus cruthadairean susbainte.
- Sanasaichean treas-pàrtaidh agus sponsairean.

Tha na com-pàirteachasan seo gar cuideachadh a bhith a' libhrigeadh cho-thairgsean, iomairtean co-bhranndaichte agus pacaidean sanasachd pasganach thar iomadh àrd-ùrlar – a' gabhail a-steach meadhanan didseatach, air-bòrd agus stèidhichte sa phort.

Seanailean gnìomhachaidh

Tha na gnìomhachaidhean againn air an libhrigeadh thar measgachadh de sheanailean againn fhìn agus seanailean luchd-pàirt, a' gabhail a-steach:

- Sgrìnichean didseatach agus làraichean postair aig puirt agus air-bòrd shoithichean.
- Co-obrachaidhean mheadhanan sòisealta le luchd-brìgh agus luchd-pàirt.
- Co-leasachadh stuthan agus pasganan thairgsean.
- Stuthan-reic is bathar thar phuigean-conaltraidh bucaigidh, siubhail agus air-bòrd.
- Susbaint pod-chraolaidh agus bhidio a tha a' lèir-thaisbeanadh thairgsean luchd-pàirt.

Tha sinn cuideachd a' cur ri chèile cùrsaichean-siubhail agus iùilean cheann-uidhe ann an co-obrachadh le DMOs agus gnothachasan ionadail, a' cuideachadh chustamairean gus na cuairtean aca a phlanadh agus nithean ùra a lorg.

Modaileadh “air pàipear” le buidheann sanasachd

Gus dèanamh cinnteach gu bheil a' ghnìomachd againn fhathast a' coimhead ùr, cuspaireil agus targaidichte, tha sinn a' cleachdadh modail ùr-ghnàthach far am bi sinn a' faighinn taisbeanadh “air pàipear” bho bhuidheann sanasachd. Mar phàirt de seo, tha coinneamh gach mìos againn le luchd-pàirt cruthachail gus am faod sinn:

- Tachartasan, treandaichean agus cothroman ri teachd a cho-phàirteachadh.
- Lèirmheas a dhèanamh air coileanadh iomairtean agus feumalachdan susbainte.
- Beachd-smuainean is so-mhaoinean ùra a mholadh airson aonta.
- Teachdaireachdan ann an co-rèir thar a h-uile seanail is àrd-ùrlar.



Tha am modail seo a' leigeil linn a bhith a' freagairt gu luath ri atharrachaidhean ann an iarrtas, ri ion-chur bho luchd-ùidhe agus ri fios air ais bho chustamairean — a' dèanamh cinnteach gu bheil a' mhargaideachd againn fhathast lùthmhor agus èifeachdach.

Buaidh choimeirsealta

Tha a h-uile gnìomachd com-pàirteachais ann an co-rèir ri ar n-amasan coimeirsealta, a' gabhail a-steach:

- A' meudachadh teachd-a-steach bho fhàraidhean.
- A' toirt taic do phrothaideachd ar bùithtean.
- A' cur air adhart eòlasan de luach àrd.
- A' meudachadh cliù is earbsachd a' bhrannnd.

Tha sinn ag obair gu dlùth leis na sgiobaidhean Ionmhais, Coimeirsealta, Cunnairt agus Solarachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile gnìomhachd adhartachaidh a' libhrigeadh luach an airgid agus a' coileanadh nan inbhean a thathar an dùil bho bhrannnd Cailleananach Mac a' Bhriuthainn.

Le bhith a' togail chom-pàirteachasan ro-innleachdail làidir agus a' libhrigeadh ghnìomhachaidhean targaidichte, tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil a' mhargaideachd againn a' toirt taic an dà chuid do thoraidhean a' chustamair agus ath-sheasmhachd coimhearsnachd — gar cuideachadh a bhith a' leasachadh gach turas thar an lìonraidh.

8. Margaideachd air a stiùireadh le geur-bheachdan

Tha sinn air an ro-innleachd margaideachd againn a thogail air bunait dàta, geur-bheachdan chustamairean agus ionnsachadh leantainneach. Le bhith a' tuigsinn ciamar, cuin agus carson a tha na custamairean againn a' siubhal, tha sinn comasach air iomairtean a libhrigeadh a tha nas buntainniche, nas èifeachdaiche agus nas tìmeile — agus dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile co-dhùnadh margaideachd air a bhunachadh ann am fianais.

Tha sinn a' cleachdadh raon farsaing de thùsan dàta gus a' ghnìomhachd againn fhiosrachadh, a' gabhail a-steach:

- mar a tha daoine a' bucaigeadh, a rèir slighe, seòrsa custamair agus ràith.
- Dàta bho chunntasan chustamairean, a' gabhail a-steach adhbhar an turais agus roghainnean dòigh-bheatha.
- Modailean de sheigmeantadh ann an co-rèir ri pròfaidhean luchd-amais a th' aig Visitscotland.
- Pròfaidhean shlighean a tha a' sealltainn phàtranan iarrtais, deamografachd agus cleachdadh mheadhanan.
- Meatraigean coileanaidh na h-iomairte, a' gabhail a-steach com-pàirteachadh, iompachadh agus faireachdainn.
- Fios air ais bho shuirbhidhean chustamairean, meadhanan sòisealta agus sgiobaidhean air an loidhne aghaidh.



Tha na geur-bheachdan seo a' leigeil leinn a bhith a' freagarrachadh ar teachdaireachdan, a' roghnachadh nan seanailean cearta agus a' taghadh nan amannan is guthan as fheàrr airson ar n-iomairtean.

Seigmeantadh chustamairean

Tha sinn a' cur an gnìomh modail seigmeantaidh a tha stèidhichte air riaghailtean gus feumalachdan is dòighean-giùlain diofar bhuidhnean chustamairean a thuigsinn, a' gabhail a-steach:

- Luchd-siubhail lìn-bheatha agus eileanach.
- Luchd-cleachdaidh coimeirsealta agus neo-choimeirsealta.
- Luchd-siubhail air làithean-saora air an seigmeantadh a rèir ùidh agus dòigh-bheatha.

Tha sinn a' cur fòcas air trì seigmeantan a tha ann an co-rèir riuthasan aig VisitScotland:

- Luchd-siridh dàna-thursan – luchd-siubhail nas òige a tha a' sireadh fios-faireachdainnean.
- Tagraichean nàdarra – luchd-tadhail a tha a' fòcasachadh air nàdar agus a tha mothachail air luachan.
- Gràdhachan-cultair a tha dèidheil air biadh – taisgealaichean saidhbhir a tha cuimsichte air càileachd.

Thathar a' targaideachadh gach seigmeant le susbaint, tairgsean agus teachdaireachdan freagarraichte a tha ann an co-rèir ri an adhbharan is roghainnean siubhail.

Stiùireadh iarrtais gu for-ghnìomhach

Tha sinn a' cleachdadh gheur-bheachdan chustamairean gus atharrachaidhean ann an iarrtas aithneachadh agus a bhith a' freagairt riutha gu for-ghnìomhach. Tha seo a' gabhail a-steach:

- A' cumail sùil air treandaichean bucaigidh.
- Ag èisteachd ri geur-bheachdan bho DMOs agus luchd-pàirt.
- A' cleachdadh iomairtean innleachdach gus taic a thoirt do shlighean no cinn-uidhe a tha fo choileanadh.
- A' cur gu feum am modail PEAR gus susbaint shùbailte, so-fhreagrach a lìbhrigeadh rè ùineachan buairidh no lùghdachadh ann an iarrtas.

Tha am modh-obrach seo a' dèanamh cinnteach gu bheil a' mhargaideachd againn a' toirt taic do dh'ath-sheasmhachd obrachaidh agus a' cuideachadh gus sruthan a stiùireadh thar an lìonraidh.

Modh-obrach deuchainnich agus ionnsaich

Tha sinn a' sìor-dheuchainneachadh agus a' sìor-fhìneachadh na gnìomhachd margaideachd againn gus coileanadh a leasachadh. Tha seo a' gabhail a-steach:

- Deuchainneachadh A/B airson mholaidhean cruthachail, teachdaireachdan agus cruthan.
- A' cumail sùil air com-pàirteachadh thar àrd-ùrlaran.
- A' dèanamh lèirmheas air toraidhean iomairtean fa chomhair shlatan-tomhais agus amasan.



- A’ cur an gnìomh na chaidh ionnsachadh ri gnìomhachdan san àm ri teachd.

Tha geur-bheachdan uile gan co-roinn thar sgiobaidhean gus taic a thoirt do phlanadh co-òrdanaichte agus leasachadh leantainneach.

Le bhith a’ leabachadh gheur-bheachdan chustamairean aig gach ìre den phròiseas margaideachd — bho phlanadh gu libhrigeadh gu luachadh — tha sinn a’ dèanamh cinnteach gu bheil ar n-iomairtean chan ann dìreach cruthachail agus beò-ghlacmhor ach ro-innleachdadh, èifeachdach agus buadhthor.

9. Tomhas agus luachadh

Tha sinn an geall air dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile gnìomhachd margaideachd a’ libhrigeadh luach so-thomhas — an dà chuid airson nan custamairean againn agus airson nan coimhearsnachdan a tha sinn a’ frithealadh. Tha am modh-obrach tomhais is luachaidh againn structaraichte, trid-shoilleir agus ann an co-rèir ri na pròiseasan nas fharsainghe againn airson planadh gnothachais agus aithriseadh.

Comharran coileanaidh

Tha measadh ga dhèanamh airson gach iomairt fa chomhair seata de chomharran coileanaidh ro-shocraichte, a’ gabhail a-steach:

- Àrdachadh teachd-a-steach bho fharaidhean ceangailte ri ùineachan na h-iomairte agus slighean a bhathar a’ cur air adhart.
- Coileanadh bhùithtean thar shuidheachaidhean air-bòrd agus ann am puirt.
- Meatraigean airson com-pàirteachadh chustamairean leithid reataichean cliog-troimhe, co-roinnean sòisealta agus ùine air an duilleig.
- Sgòran airson cliù agus faireachdainn mun bhrannnd air an tracadh tro rannsachadh neo-eisimeileach.
- Reataichean iompachaidh bho sheanailean didseatach gu àrd-ùrlaran bucaigidh.
- Ruigsinneachd agus tricead thar mheadhanan pàighte agus organach.

Tha na comharran seo gar cuideachadh a thuigsinn dè tha ag obair, càit a tha leasachaidhean a dhìth agus ciamar a tha a’ ghnìomhachd againn a’ cur ri amasan iomlan na seirbheise.

A’ tracadh iomairtean agus ag aithriseadh orra

Tha sinn a’ cleachdadh coimeasgadh de dh’innealan is pròiseasan gus sùil a chumail air agus aithris air coileanadh iomairtean:

- Google Analytics 4 (GA4) airson dòigh-ghiùlain is iompachadh luchd-cleachdaidh thar àrd-ùrlaran didseatach.
- Anailiseachd nam meadhanan sòisealta airson com-pàirteachadh, ruigsinneachd agus fàs ann an luchd-amais.
- Deas-bhùird iomairtean post-d airson coileanadh a thaobh reataichean fosglaidh, cliogan-troimhe agus seigmeantadh.



- Rannsachaidhean a tha a’ tracadh a’ bhrannnd gus slatan-tomhais a thoirt seachad a thaobh cliù agus earbsachd thar ùine.
- Lèirmheasan an dèidh iomairtean gus measadh a dhèanamh air toraidhean, ionnsachaidhean agus piseach air airgead.

Thathar a’ co-phàirteachadh aithriseadh uile le luchd-ùidhe air an taobh a-staigh agus ga chleachdadh gus planadh, riarachadh bhuidseatan agus co-dhùnaidhean ro-innleachdach fhiosrachadh san àm ri teachd.

Leasachadh leantainneach

Tha sinn ag obrachadh modail ‘deuchainnich agus ionnsaich’ thar a h-uile gnìomhachd margaideachd. Tha seo a’ gabhail a-steach

- Deuchainneachadh A/B airson mholaidhean cruthachail, teachdaireachdan agus cruthan.
- A’ cumail sùil fìor-ama air coileanadh iomairtean.
- Cuairtean lèirmheis cunbhalach leis na sgiobaidhean gheur-bheachdan is coimeirsealta againn.
- Lùban fios air ais bho luchd-ùidhe tro DMOs, luchd-pàirt agus seanailean custamair.

Thathar a’ cleachdadh gheur-bheachdan bho na pròiseasan seo gus am modh-obrach againn fhìneachadh, targaideachadh a leasachadh agus dèanamh cinnteach gu bheil a’ mhargaideachd againn fhathast so-fhreagrach ri feumalachdan chustamairean agus suidheachaidhean a’ mhargaidh.

Luach an airgid

Tha caiteachas margaideachd fo ùmhlachd do phròiseasan teann airson solarachadh agus planadh gnothachais gus dèanamh cinnteach gu bheil ear:

- A’ solarachadh sheirbheisean agus mheadhanan gu co-fharpaiseil.
- A’ co-thaobhadh gu soilleir ri amasan ro-innleachdail.
- Ag aithriseadh air toraidhean is cosgaisean gu trid-shoilleir.
- A’ sìor-chur piseach air riarachadh bhuidseit.

Le bhith a’ leabachadh phròiseasan làidir airson tomhas agus luachadh aig gach ìre den phròiseas margaideachd, tha sinn a’ dèanamh cinnteach gu bheil na h-iomairtean againn chan ann dìreach cruthachail agus beò-ghlachmhor ach cuideachd cunntachail, cosg-èifeachdach agus ann an co-rèir ri ar gealltanais air luach poblach.

10. Goireasan agus libhrigeadh

Airson libhrigeadh ro-innleachd margaideachd a tha a’ cuimseachadh air a’ chustamair, feumaidh na daoine cearta, siostaman cearta agus pròiseasan cearta obair còmhla thar na buidhne. Aig Cailleanach Mac a’ Bhriuthainn, tha an sgioba Margaideachd a’ Bhrannnd againn air a structaradh gus dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile gnìomhachd air a planadh gu math, air a stiùireadh le geur-bheachdan chustamairean agus ann an co-rèir ri ar n-amasan seirbheise nas fharsainghe.



Structar is comas an sgioba

Tha am foincsean margaideachd againn a' gabhail a-steach speisealaich ann am:

- Planadh is libhrigeadh iomairtean.
- Stiùireadh mheadhanan didseatach is sòisealta.
- Cruthachadh susbainte agus ùghdarrachadh.
- Leasachadh chom-pàirteachasan agus com-pàirteachadh luchd-ùidhe.
- Anailiseachd air geur-bheachdan chustamairean agus air coileanadh.
- Seirbheisean cruthachail agus riaghlachas a' bhrannnd.

Tha an sgioba ag obair gu dluth le luchd-obrach ann an Coimeirsealta, Eòlas Chustamairean, Conaltradh, Solarachadh agus Obrachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil libhrigeadh co-òrdanaichte ann thar phuigean-conaltraidh uile airson chustamairean.

Tha sinn cuideachd a' com-pàirteachadh bhuidhnean bhon taogh a-muigh agus luchd-pàirt cruthachail tro phròiseas solarachaidh structaraichte, a' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom againn air sgilean speisealach agus luach an airgid.

Planadh agus riaghlachas

Tha gnìomhachdan margaideachd air an riaghladh tron phròiseas againn airson a' phlana gnothachais bhliadhnail, a tha a' cur an cèill:

- Prìomhachasan ro-innleachdail agus amasan iomairtean.
- Riarachaidhean buidseit agus riathanasan a thaobh ghoireasan.
- Loidhnichean-tìm solarachaidh agus com-pàirteachadh luchd-pàirt.
- Frèaman-obrach tomhais agus cuairtean aithrisidh.

Tha am pròiseas seo a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile gnìomhachd margaideachd ann an co-rèir ri amasan corporra, a' gèilleadh ri inbhean na roinne poblaich agus so-fhreagrach ri feumalachdan chustamairean is luchd-ùidhe.

Siostaman agus innealan

Tha sinn a' cleachdadh suidht de dh'innealan didseatach gus taic a thoirt do libhrigeadh, a' gabhail a-steach:

- Google Analytics 4 (GA4) airson tracadh agus tomhas coileanaidh.
- Àrd-ùrlaran stiùireadh mheadhanan sòisealta airson sgeidealachadh agus com-pàirteachadh.
- Innealan airson planadh susbainte.
- Seigmeantadh chustamairean agus deas-bhùird gheur-bheachdan.
- Frèaman-obrach airson planadh co-obrachail leithid a' mhodail "air pàipear" le buidheann sanasachd.



Tha na siostaman seo gar comasachadh a bhith a' planadh, a' cur an gnìomh agus a' luachadh iomairtean gu h-èifeachdach, fhad 's a thathar a' cumail suas cunbhalachd agus ionracas a' bhrannnd thar sheanailean uile.

Co-obrachadh tar-fhoineach

Thathar a' toirt taic do libhrigeadh margaideachd le co-obrachadh làidir thar roinnean. Tha prìomh chom-pàirtichean a' gabhail a-steach:

- Eòlas chustamairean – a' dèanamh cinnteach gu bheil teachdaireachdan ann an co-rèir ri libhrigeadh sheirbheisean.
- Coimeirsealta agus bùithtean – a' toirt taic do thairgsean bathair agus fàs ann an teachd-a-steach bho fhàraidhean.
- Solarachadh – a' stiùireadh dhàimhean le buidhnean eile agus solaraichean.
- Ionmhas – a' marasgladh buidseat agus tracadh luach.
- Didseatach agus IT – a' glèidheadh àrd-ùrlaran agus bun-structar teicnigeach.
- Conaltradh – teachdaireachdan air an taobh a-staigh agus air an taobh a-muigh ann an co-rèir ri chèile.

Tha am modh-obrach amalaichte seo a' dèanamh cinnteach nach eil margaideachd mar fhoineach a tha a' seasamh na aonar ach gu bheil i mar phàirt glè chudromach de mar a tha sinn ag obair còmhla gus am brannd againn a mheudachadh, taic a thoirt do choimhearsnachdan agus, mar sin, leasachadh a dhèanamh air gach turas.

Leasachadh leantainneach

Tha sinn a' tasgadh ann an leasachadh leantainneach an sgioba againn tro:

- Trèanadh gnìomhachais agus leasachadh proifeiseantach.
- Làthaireachd aig tachartasan turasachd is margaideachd.
- Co-obrachadh le buidhnean na roinne leithid VisitScotland agus Comann na Margaideachd.
- A' co-phàirteachadh eòlas air an taobh a-staigh agus iomairtean tar-sgilidh.

Le bhith a' glèidheadh sgioba margaideachd sgileil, aig a bheil taic mhath agus a tha ann an co-rèir ris an ro-innleachd againn, tha sinn a' dèanamh cinnteach chan ann dìreach gu bheil na h-iomairtean againn cruthachail agus beò-ghlacmhor ach cuideachd làidir a thaobh obrachadh, èifeachdach gu coimeirsealta agus deiseil a bhith a' coileanadh feumalachdan atharrachail nan custamairean is coimhearsnachdan againn.

11. A' coimhead air adhart

Fhad 's a tha sinn a' leantainn oirnn le bhith a' freagarrachadh na ro-innleachd margaideachd againn, tha am fòcas againn fhathast air libhrigeadh gnìomhachd bhrìoghmhor, so-thomhas agus cuimsichte air a' chustamair a tha a' toirt taic do na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh agus a' neartachadh a' bhrannnd againn.

Sa bhliadhna ri teachd, bidh sinn:



- A' cur air bhog iomairtean ùra ann an co-rèir ri leasachaidhean-ìre a' chabhlaich, leasachaidhean calaidh agus clachan-mìle seirbheise — a' gabhail a-steach an 175mh ceann-bhliadhna againn agus an cùmhnannt ùr CHFS.
- A' leudachadh na susbainte pod-chraolaidh is claisneachd againn, a' gabhail a-steach prògraman cuspaireil sònraichte agus iùil air-bòrd a tha freagarraichte do shlighean is cinn-uidhe àraidh.
- A' meudachadh ar seigmeantadh is targaideachadh, le bhith a' cleachdadh anailiseachd adhartach agus pròfaidhleadh chustamairean gus eòlasan nas pearsanaichte a libhrigeadh.
- A' neartachadh a' mhodail com-pàirteachaidh againn, ag obair nas dlùithe ri DMOs, solaraichean agus luchd-brìgh gus susbaint a cho-chruthachadh agus eòlasan ionadail a chur air adhart.
- A' leasachadh tomhas agus aithriseadh, le innealan gheur-bheachdan chustamairean air an amalachadh ann an dòigh nas doimhne agus riarachadh nas soilleire airson buaidh margaideachd.
- A' toirt taic do chruth-atharrachadh a' bhrannnd, tro theachdaireachdan cunbhalach, dearbh-aithne fhaicsinneach agus guth thar a h-uile puing-conaltraidh le custamairean.

Bidh sinn cuideachd a' leantainn oirnn a' tasgadh san sgioba agus sna siostaman agus pròiseasan againn — a' dèanamh cinnteach gu bheil a' mhargaideachd againn fhathast lùthmhor, ion-ghabhalach agus ann an co-rèir ri luachan seirbheise poblaich.

Le bhith a' fuireach so-fhreagrach ri feumalachdan chustamairean, treandaichean turasachd agus prìomhachasan obrachaidh, bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil a' mhargaideachd againn a' leantainn air a' brosnachadh siubhal agus a' toirt taic do na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.

12. Co-dhùnadh

Tha am plana margaideachd seo a' mìneachadh mar a bhios Cailleanach Mac a' Bhriuthainn a' libhrigeadh iomairtean, a tha cuimsichte air a' chustamair agus air an fhiosrachadh le dàta, gus taic a thoirt do shiubhal, turasachd agus ceanglachd choimhearsnachdan thar costa an iar na h-Alba.

Tro mhodh-obrach structaraichte a thaobh planadh, libhrigeadh agus luachadh, bidh sinn a' cumail oirnn a' brosnachadh chuidhean-siubhail, a' cur air adhart eòlasan ionadail agus a' neartachadh earbsa sa bhrannnd againn. Tha an ro-innleachd ioma-sheanaileach againn a' dèanamh cinnteach gum bi custamairean a' faighinn theachdaireachdan cunbhalach is inntinneach thar gach pàirt den turas aca — bho phlanadh is bucaigeadh gu siubhal agus co-phàirteachadh.

Le bhith ag obair ann an com-pàirteachas le luchd-ùidhe, a' freagairt gu for-ghnìomhach ri iarrtas agus a' leabachadh gheur-bheachdan chustamairean a-steach don h-uile co-dhùnadh, tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil a' ghnìomhachd margaideachd againn fhathast buntainneach, ion-ghabhalach agus èifeachdach gu coimeirsealta.

Fhad 's a tha sinn a' coimhead air adhart, tha sinn fhathast an geall air leasachadh gach turas — chan ann a-mhàin tro sheirbheisean cunbhalach agus ath-sheasmhach ach tro chom-pàirteachadh brìoghmhor, stòiridhean co-roinnte agus ceangal domhain ris na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.